

1 An t-luchar 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir

Sa Mhàrt 2025, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Acadamaidh Bhaile Thearlaich. Rè an turais againn, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard-sgoile agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha daoine òga càirdeil, fileanta agus deònach ionnsachadh. Bidh dàimhean adhartach agus spèiseil aca dha chèile le luchd-obrach ann an àrainneachd ionnsachaidh chiùin.
- Bheir ionnsachadh na Gàidhlig aig a h-uile duine òg ann an ÀS1 agus ÀS2 sealladh dhaibh air luach a' chàin agus a' chultair. Tha e a' meudachadh àireamh iomlan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig Acadamaidh Bhaile Thearlaich.
- Tha feallsanachd soilleir aig a' cheannard airson ionnsachadh, teagasg agus measadh a leasachadh. Tha eòlasan ionnsachaidh dhaoine òga a' fàs nas fheàrr tro thidsearan ag obair còmhla gus ìre ionnsachaidh is teagaisg èifeachdach aontachadh.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean obrachadh le luchd-obrach gus coileanadh a leasachadh thar raointean curraicealaim ann an ÀS1 gu ÀS3. Feumaidh iad cuideachd coileanadh dhaoine òga a leasachadh anns an ìre as àirde, gu h-àraidh ann an àireamhachd agus builean iomlan ro ÀS6.
- Feumaidh luchd-obrach tuigse cho-roinnte a chruthachadh air inbhean agus dòighean-obrach measaidh nas èifeachdaiche air feadh na sgoile gus breithneachaidhean nas earbsaiche a dhèanamh air adhartas dhaoine òga.
- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach cumail orra a' leasachadh ionnsachadh, teagasg agus measadh àrd-inbhe le fòcas air coinneachadh ri feumalachdan nan daoine òga uile. Bu chòir ro-innleachdan airson taic chuimsichte a chleachdadh gu cunbhalach anns na seòmraichean-teagaisg gus coinneachadh ri feumalachdan nan daoine òga uile.
- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh Gàidhlig nan daoine òga na phàirt nas soilleire de dhòighean-obrach ro-innleachdail gus dèanamh cinnteach à na toraidhean as fheàrr do dhaoine òga. Bu chòir seo leantainn air adhart a' togail air na neartan gus na h-àireamhan a tha a' coileanadh teisteanas ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) a mheudachadh.

Chruinnich sinn fianais a leig leinn luachadh a dhèanamh air cuid de chomharran càileachd à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè tha a' dol gu math agus dè a dh'fheumar a leasachadh. Às dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh bho na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Acadamaidh Bhaile Thearlaich

Comharran càileachd	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	lag
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4^{mh} eagraan) , Eàrr-ràdh 3: An sgèile sia puing .	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:
[Acadamaidh Bhaile Thearlaich | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#).

Dè thachras a-nis?

Ri linn toraidhean ar sgrùdaidh, tha sinn am beachd gu bheil an sgoil feumach air taic a bharrachd agus tuilleadh ùine airson na leasachaidhean riatanach a dhèanamh gu sònraichte a thaobh buileachadh nan daoine òga. Bidh sinn a' conaltradh ri Comhairle na Gàidhealtachd a thaobh comas na sgoile a dhol am feabhas agus mar a chumas an t-ùghdarras ionadail orra a' toirt taic do leasachadh sgoiltean. Tillidh sinn gus sgrùdadh eile a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh 18 mìosan bho fhoillseachadh na litreach seo. Bidh sinn a' dèanamh còmhraidh ri Comhairle na Gàidhealtachd air na tha an lùib an sgrùdaidh seo. Nuair a thilleas sinn gus sgrùdadh a dhèanamh air an sgoil, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim gus fios a chur thugaibh air an adhartas a rinn an sgoil.

Carolanne Calderwood-Glassford
Neach-sgrùdaidh an Rìgh